

DEICH ÀS AN FHÀSACH



NÀISEANTA 5 / ÀRD ÌRE

Mion-Sgrùdadh agus Luachadh



Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig



MUS TÒISICH THU!

Annas a' phasgan seo, tha an obair stèidhichte air deich sgeulachdan goirid a chaidh a thaghadh bhon leabhar, 'Caogad san Fhàsach' le Dòmhnall Iain MacIomhair. 'S e aonad litreachais a tha an seo a tha a' toirt cothrom dhan luchd-ionnsachaidh mion-sgrùdadh a dhèanamh air obair fìor dheagh sgrìobhaiche. Còmhla ri sin, tha obair labhairt agus sgrìobhaidh an lùib gach sgeulachd. Aig deireadh a' phasgain, tha sgoilearan a' faighinn cothrom air sgeulachd ghoirid a sgrìobhadh.

Faodaidh an luchd-ionnsachaidh na sgeulachdan a leughadh nan aonar no còmhla ris an tidsear agus mar chlas/bhuidheann. Ged is e obair aon-neach a thathar a' moladh airson cuid de na ceistean litreachais a tha an cois nan sgeulachdan sin, chan eil an sin ach moladh. Faodaidh an tidsear ceistean agus obair sam bith anns an aonad a chleachdadh anns an dòigh as freagarraiche don luchd-ionnsachaidh agus a rèir feumalachdan a' chlas.

Tha stiùireadh comharrachaidh an cois an aonaid, ach chan eil an sin ach moladh/beachd air an t-seòrsa freagairt a thathar a' sùileachadh bhon luchd-ionnsachaidh.

A thaobh a' chomharrachaidh is nam freagairtean, 's e an tidsear prìomh ghoireas a' chlas agus stiùiridh an tidsear gach sgoilear a rèir nan co-dhùnaidhean a th' aca a thaobh gach sgeulachd. Chan eil anns na freagairtean san aonad ach aon bheachd/taic/eisimpleir a thaobh dè dh'fhaodadh a bhith san fhreagairt.

Tha faidhle-fuaim ann a' buntainn ri gach sgeulachd sa phasgan. Cleachdaidh an tidsear sin anns an dòigh as freagarraiche don chlas – 's dòcha airson leigeil le sgoilearan an teacsa a chluinntinn son a' chiad uair mus dèan iad obair air an sgeulachd no 's dòcha airson cothrom èisteachd ris an sgeulachd aig an taigh no airson barrachd eòlais a chur air an teacsa às dèidh obrachadh air sa chlas.

A thuilledh air na faidhlichean-fuaim airson gach sgeulachd, gheibh sibh sia bhidiothan an cois stuthan an aonaid seo. Tha aon bhidio a' toirt geàrr-chunntas mu Dhòmhnall Iain MacIomhair fhèin agus tha na còig eile a' toirt sùil mhionaideach air sgeulachdan goirid san leabhar ach ann am barrachd doimhneachd agus le fòcas air mar a chleachd an sgrìobhadair cuspair, cànan, caractaran, suidheachadh agus plot gu h-èifeachdach san sgrìobhadh.





CAIBIDEIL I: RÒSAN



Leugh an sgeulachd air t.d.34 san leabhar no èist ris a' faidhle-fuaim.

- Gabh nota air faclan/abairtean sam bith air nach eil thu eòlach agus bheir an tidsear seachad mìneachadh ma tha sin iomchaidh.
- Nuair a tha tuigse agad air **a h-uile facal**, freagair na ceistean. Sgrìobh nad leabhar.

1.

Dè an seòrsa cunntais a thug an t-ùghdar dhuinn air a' bhùth anns a' chiad pharagraf.

2.

'A' dèanamh mo dhleastanais', bhiodh e ag ràdh ris fhèin." Dè tha na briathran sin ag innse dhuinn mun dàimh a bha eadar Mgr MacThòmais agus a mhàthair?

3.

Aig deireadh an dàrna paragraf tha an t-ùghdar ag innse gum biodh eagal air Mgr MacThòmais aig amannan. Carson a bhiodh eagal air nad bheachdsa?

4.

Saoil dè an teachdaireachd a bha bean-na-bùtha a' feuchainn ri innse do Mhgr MacThòmais?

5.

Mìnich na briathran: 'Bha seòrsa de earbsa neo-thuigseach aice ann am Mgr MacThòmais.'

6.

Dè tha a' daingneachadh dhuinn gun robh earbsa mhòr aice san duine seo?

7.

Saoil carson a thuir Mairi rithe fhèin nach goideadh i càil gu bràth tuilleadh?

8.

Tagh dà eisimpleir às an sgeulachd a tha ag innse dhuinn gur ann do theaghlach bochd a bhuineadh Mairi.



CAIBIDEIL I: RÒSAN



9.

Nad bheachdsa, dè cho èifeachdach 's a tha na briathran seo: 'Bha fàileadh àlainn nan ròsan a' lìonadh àile a' chàir. Seòrsa de fhàileadh beatha. Fàileadh samhraidh. No eadhon fàileadh bàis. No fiù fàileadh eile.'

10.

Dè tha ag innse dhuinn nach robh Mgr MacThòmais idir cofhurtail anns a' chladh?

11.

Nad bheachdsa, saoil carson nach do dh'inns Màiri do Mhgr MacThòmais gun robh a màthair air bàsachadh?

12.

Às dèidh dha coinneachadh ri Màiri bha Mgr MacThòmais a' coimhead ri a mhàthair ann an dòigh eadar-dhealaichte. Ciamar a tha fios againn?



- a. An ath thuras a thadhail Mgr MacThòmais air a' bhùth cha robh sgeul air Màiri.

Dèanaibh an àirde an còmhraidh (mu chòig mionaidean a dh'fhaid) a bha eadar e fhèin agus bean-na-bùtha an turas sin.

Nuair a bhios sibh deiseil, actaibh a-mach e dhan chlas.



- b. Sgrìobh litir, 's dòcha mu 200 facal a dh'fhaid, bho Mhàiri gu Mgr MacThòmais a' toirt taing dha airson a bhith cho coibhneil rithe an latha ud a choinnich iad anns a' bhùth.



CAIBIDEIL II: CHA MHAIR IAD ÒG



Leugh an sgeulachd air t.d.43 san leabhar no èist ris a' faidhle-fuaim.

- Gabh nota air faclan/abairtean sam bith air nach eil thu eòlach agus bheir an tidsear seachad mìneachadh ma tha sin iomchaidh.
- Nuair a tha tuigse agad air **a h-uile facal**, beachdaich còmhla ri càraid/buidhean air na puingeann seo.

1.

An rud a bha sgrìobhte air leac an t-saighdeir: '... b' aithne do Dhia cò e.'

2.

Mar a bhiodh Iain a' tarraing nan cùirtear nuair a bha e òg.

3.

Mar nach robh Iain a' creidsinn an toiseach gun deach athair a chall sa chogadh.

4.

Brìgh nam briathran: 'Agus bha a bheatha fhèin cho an-sheasgair.'

5.

'Aon taigh-fhaire eile sa bhaile, agus thiormaicheadh na deòir agus dheigheadh an cogadh 's an sgrìobhadh à cuimhne...'

Bheil e ceart gun tèid buaidh a' bhàis agus buaidh a' chogaidh à cuimhne coimhearsnachd?

6.

Mar a chuir a' cheist seo uabhas air Iain: 'A bheil an cogadh seachad?'

7.

Na faireachdainnean eadar-dhealaichte a bh' aig Iain fhad 's a bha e a' bruidhinn ris a' choigreach.

Saoil an robh Iain a' faireachdainn nas dlùithe ri athair an dèidh seo?

8.

Cho fada 's a thug Iain mus do dh'aithnich e an duine, agus mar a dhèilig an duine ri sin.

9.

Brìgh nam briathran: 'Ged chaidh mi a-mach don dorchadas, chaidh mi a-steach don t-solas.'



CAIBIDEIL II: CHA MHAIR IAD ÒG



10.

An samhla mun stoirm: 'Thàinig an stoirm bho chionn fhada ...'

11.


Na diofar ìomhaighean mu fhlàraichean a th' anns an sgeulachd. Dè cho èifeachdach 's a tha iad sin?

12.

A' bhuaidh a bh' aig an sgeulachd seo oirbh fhèin.



a.



Bruidhnibh ann am buidhnean mun chuspair, 'Am bu chòir dhuinn a bhith a' cuimhneachadh gach bliadhna air an fheadhainn a chailleadh ann an cogaidhean?' Dèanaibh notaichean mar a tha sibh a' dol air adhart agus taghaibh neach-labhairt airson beachd na buidhne a thoirt seachad nuair a bhios sibh deiseil.

b.

Sgrìobh artaigil ghoirid mu chuideigin a bhuineadh dhan teaghlach agad fhèin a chailleadh ann an cogadh no a ghabh pàirt ann an cogadh.

Bidh am fiosrachadh a tha dhìth ort aig na càirdean agad fhèin agus, ma tha Comunn Eachdraidh san sgìre agad, gheibh thu cuideachadh an sin leis an rannsachadh agad.



CAIBIDEIL III: AM BODACH



Leughaidh an sgeulachd air t.d.49 san leabhar no èist ris a' faidhle-fuaim

- Gabhaibh nota air faclan/abairtean sam bith air nach eil sibh eòlach agus bheir an tidsear seachad mìneachadh ma tha sin iomchaidh
- Nuair a tha tuigse agaibh air a **h-uile facal**, beachdaichibh air na puingeann a leanas **ann an càraidean**:

1.

Mar a tha an sgrìobhadair a' toirt cunntas air bòidhchead an fheasgair aig toiseach na sgeulachd.

2.

Mar a bha 'am bodach' air an duine seo, eadhon nuair a bha e na dhuine òg.

3.

Staid taigh a' bhodaich.

4.

Brìgh nam briathran:

'... b' ann a shaoileadh duine gur ann a bha i air a cruthachadh bho thùs an siud nuair a chaidh an saoghal fhèin a chruthachadh.'

5.

Taghaibh na briathran a tha ag innse dhuinn gun robh an sgrìobhadair den bheachd gun robh sgilean bàrdachd aig a' bhodach.

6.

Cho fada 's a thug am bodach a' freagairt ceistean Sheumais.

7.

Beachdan a' bhodaich air a' bhàrdachd aige fhèin.

8.

Aonranachd a' bhodaich.

9.

Taghaibh na briathran a tha ag innse dhuinn nach d' fhuair a bhràthair agus a phiuthar fàilte sam bith nuair a thadhail iad air a' bhodach.



CAIBIDEIL III: AM BODACH



10.

Cumhachd nam briathran:
 ‘...s am blàths air gèilleadh do fhuachd geamhraidh...’
 agus
 ‘shaoil mi gun robh fras uisge gus tighinn.’

11.

‘Bha. Bha mi a’ faicinn ìomhaigh. Bodach na shuidhe ... a’ sgrìobhadh!’
 Mìnich ur beachd air deireadh na sgeòil.



- a. Tha mòran de sheann daoine anns a h-uile baile agus sgìre agus tha cuid aca aonranach. Bruidhnibh mu dhòighean anns am b’ urrainn do dhaoine òga seann daoine a chuideachadh a chum ’s gum bi barrachd toileachais agus riarachaidh aca nam beatha.



Dèanaibh notaichean mar a tha ur còmhradh a’ dol air adhart. Nuair a bhios sibh deiseil, thoiribh ur beachdan seachad dhan chlas.

- b. Sgrìobh aiste (mu 300 facal a dh’fhaid) mu bhodach no cailleach air a bheil thu eòlach. Na inns ainm ceart an neach idir. Thoir iomradh air na nithean a leanas:

- coltas an neach a thagh thu.
- far a bheil e/i a’ fuireach.
- far an do rugadh e/i.
- fiosrachadh mu obair/cur-seachadan nuair a bha e/i òg.
- mar a tha cùisean an-diugh.
- càil sam bith a tha annasach no sònraichte mun neach.
- an ceangal a tha agad rithe/ris.
- a’ bhuaidh a th’ aig an duine seo air do bheatha fhèin.





CAIBIDEIL IV: MURCHADH AGUS ÙISTEAN



Leughaidh an sgeulachd air t.d.92 san leabhar no èist ris a' faidhle-fuaim.

- Gabhaibh nota air faclan/abairtean sam bith air nach eil sibh eòlach agus bheir an tidsear seachad mìneachadh ma tha sin iomchaidh.
- Nuair a tha tuigse agad air **a h-uile facal**, beachdaich còmhla ri càraid/buidhean air na puingeann seo.

1.

Mar a tha a' chiad pharagraf a' sealltainn an dàimh làidir a bha eadar an dithis bhalach.

2.

Mar a dh'atharraich dòchas gu eu-dòchas a thaobh Ùistean ann an inntinn Mhurchaidh.

3.

Cho dìleas 's a bha Murchadh do dh'Ùistean.

4.

An dragh a rinn e do Mhurchadh nuair a sguir Ùistean a dh'iarraidh naidheachdan na sgoile.

5.

An t-iongnadh a ghabh Murchadh nuair a dh'iarr Ùistean air earrannan às a' Bhìoball a leughadh dha.

6.

Cumhachd agus brìgh nan earrannan a leugh Murchadh: 'Agus chunnaic mi nèamh...', 'Agus tiormaichidh Dia...'.

7.

A' bhuaidh a bh' aig leughadh a' Bhìobaill air Ùistean.

8.

Cumhachd nam briathran mu dheireadh a labhair Ùistean ri Murchadh.

9.

Brìgh nam briathran: 'Ach ann an dòigh, bha Ùistean a' fàs cuideachd, a' fàs mòr ann an cridhe Mhurchaidh, a' fàs gu inbhe an fhìor chàirdeis.'

10.

A' bhuaidh a bh' aig an sgeulachd oirbh fhèin.



CAIBIDEIL IV: MURCHADH AGUS ÙISTEAN



“*'S fheàrr caraid sa chùirt na crùn san sporan.*”

- a. Bruidhnibh mu na beusan a tha cudromach ann an deagh charaid.

Dèanaibh notaichean mar a tha sibh a' dol air adhart agus taghaibh neach-labhairt airson beachd na buidhne a thoirt seachad as dèidh laimh.

- b. Sgrìobh cunntas mu 300 facal a dh'fhaid air a' chuspair, 'Mo Dheagh Charaid'. Thoir dhuinn beagan fiosrachaidh mu do charaid.

Mo Dheagh Charaid

- Dè na feartan as fheàrr a th' aige/aice?
- Dè an seòrsa rudan a bhios sibh a' dèanamh còmhla?
- A bheil càil èibhinn/annasach mu dheidhinn/mu deidhinn?
- Dè an rud as fheàrr a rinn e/i dhut riamh?



CAIBIDEIL V: CUIMHNEACHAIN



Leugh an sgeulachd air t.d. 96 san leabhar no *èist ris a' faidhle-fuaim.*

- *Gabh nota air faclan/abairtean sam bith air nach eil thu eòlach agus bheir an tidsear seachad mìneachadh ma tha sin iomchaidh.*
- *Nuair a tha tuigse agad air a **h-uile facal**, freagair na ceistean.*

1.

Dè tha a' chiad dà pharagraf ag innse dhuinn mu bheachd Ailein air cogaidhean?

2.

A bheil e nàdarra do bhalach ceithir bliadhna deug a dh'aois a bhith a' smaoineachadh mar seo? Minich do bheachd.

3.

Bha tòrr cheistean inntinneach aig Ailean airson a chur air athair. Beachdaich air freagairtean iomchaidh airson nan ceistean sin.

4.

Leugh paragraf 5 a-rithist.
Dè do bheachd fhèin air poilitigs cogaidh?

5.

Bha tuilleadh cheistean aig Ailean a thaobh bàs a sheanar.
Dè tha sin ag innse dhut mun t-seòrsa gille a bh' ann an Ailean?

6.

Nad bheachdsa, an robh ainm Ailein fhèin dha-rìribh air a' charragh-cuimhne? Thoir adhbharan seachad airson do bheachd.

7.

Leugh a-rithist na trì paragrafan a tha a' tòiseachadh le: 'Bha am bàta-cogaidh a' seòladh am measg nam mèinnean 's am measg nam bomaichean.'

Beachdaich air stoidhle, cainnt agus mac-meanmainn an ùghdair.

8.

Nad fhacail fhèin, mìnich na briathran: 'Dh'aithnich athair air Ailean gun robh e air chall na chuid smuaintean.'



CAIBIDEIL V: CUIMHNEACHAIN



9. Dè beachd Ailein air na daoine a bhios a' dol gu carraighean-cuimhne gach bliadhna?
10. A bheil thusa ag aontachadh ri Ailean? Thoir do beachd.
11. Saoil carson nach eil sinn a' faighinn càil a-mach mu athair Ailein – a choltas, ainm no nì sam bith eile?
12. Tha na h-ìomhaighean, 'flùraichean dearga' agus 'sithean dearg' a' nochdadh uair no dhà.
Nad bheachdsa dè cho èifeachdach 's a tha seo?



- a. Dèan rannsachadh mu dhaoine a bhuineadh dhan sgìre agad fhèin agus a ghabh pàirt sa Chogadh Mhòr **NO** anns an Dàrna Cogadh. Dè na rèisimeidean anns an robh iad? Cia mheud aca a bh' anns an RNR? Cia mheud aca a chaidh a chall? Càit an deach an call? Nuair a bhios tu deiseil, libhrig don chlas am fiosrachadh a lorg thu tro thaisbeanadh no powerpoint.

Ma tha Comunn Eachdraidh anns an sgìre agaibh, bidh sin feumail airson fiosrachadh agus dealbhannan fhaighinn. Gheibhear fiosrachadh cuideachd air làrach-lìn Coimisean Uaighean Cogaidh a' Cho-fhlaitheis: www.cwgc.org



- b. Sgrìobh lèirmheas air an sgeulachd seo, 's dòcha mu 300 facal a dh'fhaid agus cleachd na còig puingeagan seo airson do lèirmheas a phlanadh.

Smaoinich air:





CAIBIDEIL VI: OIGHRE NA H-OIGHREACHD



Leugh an sgeulachd air t.d.114 san leabhar no èist ris a' faidhle-fuaim.

- Gabh nota air faclan/abairtean sam bith air nach eil thu eòlach agus bheir an tidsear seachad mìneachadh ma tha sin iomchaidh.
- Nuair a tha tuigse agad air **a h-uile facal**, freagair na ceistean.

1.

Dè tha an dà sheantans mu dheireadh sa chiad pharagraf ag innse dhuinn mu Mhàiri?

2.

Dè bu mhotha a bha a' dèanamh dragh do Mhàiri a thaobh litir Waddington?

3.

Lorg an samhla a tha ag innse dhuinn gun deach Màiri gu saothair mhòr ann a bhith a' glanadh an taighe.

4.

Saoil carson a bha fearg air Màiri nuair a shuidh Waddington ann an cathair a seanar?

5.

Tagh briathran bhon sgeulachd a tha a' sealltainn dhuinn beachd Waddington air seann daoine?

6.

Dè chiall a th' aig na briathran:

Bha amharas aig Màiri gun robh Waddington a' feuchainn ri dhol na muinchill.

7.

Seall, le fianais bhon teacsa, gun robh co-fhaireachdainn aig Waddington ri Màiri.

8.

Ciamar a tha fios againn gun robh e a' sabaid an aghaidh fhaireachdainnean mar sin?

Tagh **dà** eisimpleir às an sgeulachd a tha ag innse sin dhuinn.



CAIBIDEIL VI: OIGHRE NA H-OIGHREACHD



9.

Ciamar a ghabh Waddington ris an rud a dh'inns Màiri dha mu fhear nam pàipearan-naidheachd?

10.

Dè a' bhuaidh a bh' aig na briathran seo ort:

“Co-dhiù, tha mi a' creidsinn gum feum mi falbh,' ars ise.”?

11.

'S e duine 'foghlamaichte' a bh' ann an Seumas Waddington. Cleachd fianais bhon teasca airson sealltainn

i) nach robh e cinnteach an creideadh e Màiri agus

ii) na faireachdainn a bh' aige a' fàgail an taighe?

12.

An do chòrd an seantans mu dheireadh riut? Inns carson a chòrd/ nach do chòrd an deireadh seo riut.

- a. Dèanaibh rannsachadh air an eadar-lìon mu na còirichean a th' aig daoine a thaobh nan dachaighean aca. Dè cho furasta 's a tha e neach no teaghlach a chur a-mach às an dachaigh an-diugh? A bheil laghan ann a tha a' dìon dhaoine airson nach tachair seo dhaibh? A bheil buidheann sam bith ann a bheir treòrachadh no cuideachadh seachad do dhaoine a th' anns an t-suidheachadh seo? Dèanaibh notaichean mar a tha sibh a' dol air adhart agus thoiribh ur beachdan seachad dhan chlas nuair a bhios sibh deiseil.



B

I

U



b. Sgrìobh deireadh eile airson na sgeulachd.

Ruith Màiri a-steach don chidsin. Chuir i an t-uisge-beatha air ais don phreas. An uair sin dhòirt i na bha air fhàgail den phuinnsean sìos don t-sinc, maille ri steall math uisge a bheireadh air falbh e.

“Obair na deoch,” arsa na poilis.

Agus cha robh oighre eile a ghabhadh ceannas air an oighreachd!



CAIBIDEIL VII: AN LEABHARLANN



Leugh an sgeulachd air t.d.170 san leabhar no èist ris a' faidhle-fuaim.

- *Gabh nota air faclan/abairtean sam bith air nach eil thu eòlach agus bheir an tidsear seachad mìneachadh ma tha sin iomchaidh*
- *Nuair a tha tuigse agad air **a h-uile facal**, freagair na ceistean*

1.

Dè do bheachd air a' chiad dà pharagraf? A bheil Eilidh ag innse rudan dhuinn air a bheil fios againn mu thràth?

2.

Tagh briathran san treas paragraf a tha ag innse dhuinn nach robh Eilidh cinnteach carson a bha na daoine a' dol dhan leabharlann.

3.

Mìnich na briathran: '...s b' i obair na sgoile fàth a turais am feasgar seo.'

4.

Tagh an abairt a tha ag innse dhuinn nach robh na cogaidhean a bha i a' rannsachadh uabhasach tarraingeach dhi.

5.

Nad bhriathran fhèin, inns beachd Eilidh air a' bhodach a bha na shuidhe mu coinneimh?

6.

Tagh eisimpleirean às an sgeulachd a tha ag innse dhuinn nach robh Eilidh a' faighinn air adhart le a h-obair mar a lùigeadh i.

7.

An robh Eilidh agus am bodach dha-rìribh a' dannsa? Dè do bheachd?

8.

Mìnich, nad fhacail fhèin, na briathran: 'Bha i fhèin na cadal ged a bha i na dùisg'.

9.

Dè tha an sgeulachd seo ag innse dhuinn mu phearsa Eilidh agus a beachd air seann daoine?



CAIBIDEIL VII: AN LEABHARLANN



- a. Dèan an àirde sanas airson obair samhraidh a tha a' dol anns an leabharlann as fhaisge ort. Thoir iomradh air an t-seòrsa obrach a th' ann, na h-uairean a tha dhìth, an tuarastal, ceann-latha airson iarrtasan, agus mar sin air adhart.

THA SINN A' LORG LEABHARLANNAICHE ÙR

An toigh leatsa leabhraichean?
Fòn: 0123 456 789

Uairean sùbailte.
Deagh phàigheadh.
15-20 uair gach seachdain.



- b. Tha cuideigin agaibh air iarrtas a chur a-steach airson na h-obrach gu h-àrd. Dèanaibh an àirde agallamh eadar am manaidsear agus an neach a tha a' sireadh na h-obrach. Ullaichibh ceistean agus freagairtean freagarrach. Cha leig an còmhradh a leas a bhith nas fhaide na deich mionaidean. Nuair a bhios sibh deiseil, actaibh an t-agallamh dhan chlas.





CAIBIDEIL VIII: A' BHEING



Leugh an sgeulachd air t.d.194 san leabhar no èist ris a' faidhle-fuaim.

- Gabh nota air faclan/abairtean sam bith air nach eil thu eòlach agus bheir an tidsear seachad mìneachadh ma tha sin iomchaidh.
- Nuair a tha tuigse agad air **a h-uile facal**, freagair na ceistean nad fhacail fhèin.

1.

Dè tha a' chiad pharagraf ag innse dhuinn mun bhuaidh a bh' aig a' chogadh air Mairead?

2.

Dè cho èifeachdach 's a tha na briathran seo: 'Agus aig an taigh, air a' bheing, bha an àile cho glan 's a bha i air an t-siathamh là...?'

3.

Dè bh' anns na cèisean dona?

4.

Dè tha an samhla seo ag innse dhuinn mun ùidh a bh' aig Mairead anns na bha Tormod ag innse dhi: 'bha e a' dol seachad oirre mar oiteag na gaoithe samhraidh ag iadhadh na beinne.'?

5.

Nuair a bha Mairead san ospadal a' coimhead air Tormod, bha an dithis aca dòchasach gun robh e a' dol a dh'fhàs na b' fheàrr.

Tagh briathran a tha ag innse sin dhuinn?

6.

Dè dh'adhbhraich bàs Thormoid?

7.

Mìnich do bheachd air cho freagarrach 's a tha na h-ìomhaighean seo:

sneachd dubh a' chogaidh

aiteamh na sìthe

8.

Dè cho èifeachdach 's a tha an t-ùghdar ann a bhith a' cur an cèill dhuinn cho aonranach 's a bha Mairead às dèidh bàs Thormoid?

Cleachd fianais bhon teacsa airson taic a chur rid bheachd.

9.

Dè cho cumhachdach 's a tha am paragraf a tha a' tòiseachadh leis na briathran:

Agus bha cladh a' bhaile a' lìonadh...



CAIBIDEIL VIII: A' BHEING



10.

'Cha robh e gu leòr dhaibh a bhith a' marbhadh nan daoine, ach mharbh iad an àrainneachd cuideachd.'

Dè do bheachd air cumhachd nam briathran seo?

Carson a tha àrainneachd a' nochdadh cho tric san sgeulachd?

11.

Dè tha na briathran seo a' ciallachadh: 'Theireadh cuid gun robh am bròn a bha i fhathast a' fulang a' goid air falbh nam bliadhnaichean.'?

12.

Ciamar a bha bàs Maireid coltach ri bàs Thormoid?

13.

Chuir an t-ùghdar lus-cadail air uaigh Maireid. Dhanns e agus thuit e anns a' bhad. Dè a' bhuaidh a bh' aige seo ort?

14.

Carson a tha a' bheing cho cudromach anns an sgeulachd?



a. Bruidhnibh air a' chuspair a leanas:

'Tha e air leth cudromach gum bi sinn a' dìon na h-àrainneachd agus gun a bhith ga truailleadh ann an dòigh sam bith.'

Bruidhnibh mu eisimpleirean de dhroch chleachdaidhean agus thoiribh iomradh air dòighean anns an urrainn dhuinn an àrainneachd a dhìon.

Faodaidh sibh rannsachadh a dhèanamh air an eadar-lìon.

Dèanaibh notaichean mar a tha sibh a' dol air adhart agus taghaibh neach-labhairt airson ur beachdan a thoirt seachad dhan chlas.



b. Sgrìobh lèirmheas air an sgeulachd seo, 's dòcha mu 300 facal a dh'fhaid.

Smaoinich air:





CAIBIDEIL IX: NA MAOIR



Leughaidh an sgeulachd air t.d.217 san leabhar no èist ris a' faidhle-fuaim.

- Gabh nota air faclan/abairtean sam bith air nach eil thu eòlach agus bheir an tidsear seachad mìneachadh ma tha sin iomchaidh
- Nuair a tha tuigse agaibh air **a h-uile facal**, beachdaichibh air na puingeann a leanas, **mar chlas**:

1.

Cumhachd a' chiad seantans – an e seantans-fosglaidh mhath a th' ann?

2.

Mar a bha Iain a' coimhead ris a' Ghàidhealtachd mar dhachaigh ged nach robh e ann a-riamh.

3.

Cò bh' anns 'na maoir' a thàinig le eich agus cuipean?

4.

Mar a bha Iain ag ionndrainn nithean nach fhaca e riamh anns an treas paragraf.

5.

Cumhachd na samhla: '... a dhòirt air a dhachaigh mar shneachd à ifrinn.'

6.

Mar a bha Iain a' faireachdainn mar choigreach nuair a thàinig e às a' bhus.

7.

Cumhachd nam briathran: 'Ràinig e an taigh, ach cha robh an taigh idir ann.'

8.

Mar a choinnich e ri taibhs a sheanar.

9.

Brìgh nam briathran: '... agus ged a thuit an taigh cha deach na freumhan a spionadh às an talamh.'

10.

Mar a roghnaich Iain fuireach sa Ghàidhealtachd ged nach robh an t-àite idir mar a dh'inns a sheanair dha.

11.

Beachd Chalum air na maoir.

12.

Mar a dh'atharraich Iain inntinn a thaobh fuireach air Ghàidhealtachd.



CAIBIDEIL X: TORMOD



Leugh an sgeulachd air t.d.235 san leabhar no èist ris a' faidhle-fuaim.

- Gabh nota air faclan/abairtean sam bith air nach eil thu eòlach agus bheir an tidsear seachad mìneachadh ma tha sin iomchaidh
- Nuair a tha tuigse agad air **a h-uile facal**, freagair na ceistean a leanas.

1.

Saoil carson a tha an t-ùghdar ag innse dhuinn mun bhoireannach òg anns a' chiad pharagraf agus gun sinn a' faighinn a-mach a' chòrr mu deidhinn?

2.

Beachdaich air an dà shamhla seo a tha an t-ùghdar a' cleachdadh san dara paragraf:

coltach ri asbhuain foghair

coltach ri fàinne a bhiodh ann an sròn tairbh

3.

Dè beachd an ùghdair air Tormod mus do bhruidhinn iad ri chèile?

4.

Leugh a-rithist bho thoiseach na sgeulachd chun a' pharagraf a tha a' crìochnachadh: 'Dh'fhaighnich mi dha an robh obair aige.'

Tagh **dà** eisimpleir a tha ag innse dhuinn gun robh rudeigin mì-thlachdmhor mu Thormod.

5.

Coimhead air a' pharagraf a tha a' tòiseachadh: 'Bha sinn a' sabaid ri na nàimhdean...'.
Saoil carson a bha Tormod a' bruidhinn mu nithean cho mì-thaitneach ri seo?

6.

Carson nach robh Tormod a' creidsinn ann an Dia?

7.

Tagh an seantans a tha ag innse dhuinn gun robh uallach air an ùghdar airson Thormoid nuair a ruigeadh an trèana a ceann-uidhe.

8.

Dè tha thu a' tuigsinn bho na briathran:

i) 'Cha tug an t-arm an cridhe asam fhathast.'

agus

ii) 'Ach 's e an t-arm a thug orm a bhith mar seo.'

9.

Dè bha annasach mun dòigh anns an d' fhuair an t-ùghdar a-mach gun deach Tormod a mharbhadh?

10.

Carson a tha an t-ùghdar a' faireachdainn ciont anns a' pharagraf mu dheireadh?

11.

Nad bheachdsa, an robh Tormod dòigheil anns an Arm?
Thoir adhbharan seachad airson do bheachd.



CAIBIDEIL X: TORMOD



- a. Tha cuideigin agaibh a' siubhal air trèana agus tha neach a tha a' coimhead caran mì-thaitneach a' suidhe ri do thaobh. 'S dòcha gu bheil e ag òl deoch làidir no a' dèanamh rudeigin eile nach eil a' còrdadh riut. Dèanaibh an àirde còmhraidh eadar an dithis – timcheall air còig mionaidean a dh'fhaid – agus actaibh a-mach dhan chlas e.



- b. Sgrìobh sgeulachd ghoirid – timcheall air còig cheud facal a dh'fhaid – stèidhichte air turas air bus no trèana. Bidh na puingeann a leanas feumail dhut:

- Seantans fosglaidh freagarrach a tha a' cur an cèill an t-suidheachaidh anns a bheil am prìomh character, me, chaidh Màiri air bòrd a' bhus agus shuidh i air cùlaibh an draibheir.
- Suidheachadh le dithis no trìur characteran.
- Rudeigin a' tachairt a tha ag adhbhrachadh trioblaid, me tubaist, character a' nochdadh, fios a' tighinn air a' fòn, duine no rudeigin a dhìth.
- Nithean a' ruighinn ìre èiginneach no suidheachadh a tha glè dhuilich a ghiùlan.
- Deireadh far am bheil cùisean nas fheàrr na bha iad ann an dòigh air choreigin.
- Seantansan goirid agus fada.
- cleachd ìomhaigh no samhla.

Smaoinich air:

